



HISTORIC
ENVIRONMENT
SCOTLAND

ÀRAINNEACHD
EACHDRAIDHEIL
ALBA

LIOSTA-CHLÀRAIDH GHÀRRAIDHEAN IS FEARANN DEALBHAICHTE NA H-ALBA





Gu h-àrd: Luchd-obrach na h-oighreachd , An Gleann, Crìochan na h-Alba, ro 1910 © An Coimisean Rìoghail air Carraighean Àrsaiddh is Eachdraidheil na h-Alba Caisteal Druimeanach, Peairt is Ceann Rois © Keith Fergus, Scottish Viewpoint

Liosta-chlàraighean Ghàrraidhean is Fearann Dealbhaichte na h-Alba

Tha an leabhran seo a' mìneachadh na tha e a' ciallachadh nuair a tha àite air an liosta-chlàraighean agus mar a bhios sinn a' measadh ghàrraidhean is fearann dealbhaichte gus an cur air an liosta.

Tha daoine air a bhith toirt buaidh air cruth àrainneachd eachdraidheil na h-Alba airson còrr is 10,000 bliadhna. Tha na ginealaichean a dh'fhalbh air an làrach fhèin fhàgail air na bailtean is bailtean-mòra againn, agus a-muigh air an dùthaich mun cuairt oirnn. Tha an ceangal làidir eadar sinn fhìn is àiteachan agus mar a tha an àrainneachd eachdraidheil a' cur gu mòr ri ar cultar nam pàirt mòr de ar coimhleasachdan agus tha na nithean sin a' cuideachadh le bhith togail bratach na h-Alba air feadh an t-saoghal.

Chaidh na ciad chumhachan laghail san Rìoghachd Aonaichte gus ar n-àrainneachd thogte a dhòn a thoirt a-steach ann an 1882. Thòisich liosta-chlàraighean nan gàrraidhean is an fhearrainn dhealbhaichte ann an 1987 agus tha còrr is 300 làrach a-nis air an liosta. Bidh an àireamh seo ag atharrachadh gu tric fhad 's a thathar a' cur làraichean ris no a' dèanamh ath-sgrùdadh air làraichean.

Tha an liosta-chlàraighean a' comharrachadh earann a chaidh a dhealbh a dh'aona-ghnothach gus dreach brèagha a thoirt air agus a tha cudromach gu nàiseanta. Tha sinn den bheachd gu bheil na piosan fearainn seo am measg nan stòras as prìseile a th' againn ann an Alba.

Tha làraichean na liosta-chlàraighean a' toirt cunntas dhuinn air eachdraidheil na h-Alba. Tha iad air aon de na h-adhbharan a tha Alba cho math mar àite airson a bhith a' fuireach is ag obair ann, agus airson tadhail air. Tha seagh eachdraidheil ar n-àrainneachd cudromach do mhath ar beatha agus tha e gar cuideachadh le bhith a' tuigsinn cò sinn.

Am measg nan làraichean a gheibhear air an liosta tha: fearann dealbhaichte ann an oighreachdan air an dùthaich, cruinneachaidhean aig lus-ghàrraidhean, pàircean sa bhaile-mhòr agus cladhan Tha an dualchas ioma-sheòrsach is air leth seo mar thoradh air lèirsinn is comasan ar sinnsirean.

Le bhith a' cur nan làraichean seo air an liosta-chlàraighean, tha e gar cuideachadh le bhith a' toirt aithne do na choilean iad agus tha e cumail cuimhne air airson nan ginealach ri teachd.

Tha dleastanasan cudromach aig na daoine leis a bheil na h-àiteachan air an liosta-chlàraighean a bhith gabhail càram de ar dualchas. Faodaidh iad cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig na ginealaichean ri teachd air na h-àiteachan seo anns a bheil luach nàiseanta.



Gu h-àrd: Caisteal agus Gàrraidhean Dùn Robain, Comhairle na Gàidhealtachd © Àrainneachd Eachdraidheil Alba (Aerial Photography Collection)

Dè th' anns an liosta-chlàraidh?

'S e a th' anns liosta-chlàraidh ach liosta de na gàrraidhean is den fhearann dealbhaichte as cudromache ann an Alba.

'S e a th' ann an gàrraidhean is fearann dealbhaichte, fearann a chaidh a dhealbh a dh'aona-ghnothach gus dreach brèagha a thoirt air.

Bidh sinn a' cumail liosta-chlàraidh fo chumhachan Achd nan Carraighean Àrsaidh is Sgìrean Arc-eòlais 1979, www.legislation.gov.uk/ukpga/1979/46.

'S as adhbhar don liosta, làraichean a tha cudromach gu nàiseanta a chomharrachadh agus fiosrachadh a thoirt seachad mun deidhinn. Nuair a thèid gàrradh no fearann dealbhaichte a chur ris an liosta-chlàraidh, bidh e na chùis shusbainteach sa phròiseas phlanaidh. Tha sin a' ciallachadh gum feumar aire a thoirt dha nuair a thathar a' dèanamh co-dhùnadair iarrasan planaidh.

Mus tèid làrach a chur ris an liosta-chlàraidh, feumaidh e a bhith cudromach gu nàiseanta (faicibh taobh-duilleig 7). 'S iad na h-àiteachan as cumanta a gheibhear air an liosta, fearann dealbhaichte aig oighreachdan air an dùthach, a chaidh a dhealbh an dà chuid airson chur-seachadan agus airson àiteachais.

Am measg nan eisimpleirean as aithnichte den t-seòrsa dealbhachaidh seo tha Taigh Hopetoun ann an Lodainn an Iar, Caisteal Chulzean ann an Siòrrachd Adhair a Deas, agus Taigh Haddo ann an Siòrrachd Obar Dheathain. Ge-tà, tha an liosta-chlàraidh cuideachd a' toirt aithne do thòrr sheòrsaichean eile de dh'fhearann dealbhaichte ann an Alba. Tha an liosta a' gabhail a-steach làraichean bho mheud aon heactair suas gu pìos math a bharrachd air 1,000 heactair agus tha aois nan làraichean a' dol bho na meadhan-aoisean chun na 20mh linn

Mar as trice, bidh grunn fheartan aig an fhearann, leithid structaran togte, lusan air an cur, raon fosgailte, fianais gun deach ùir a għluasad (mar eisimpleir, barraidean gàrraidh), uisge air a stiùireadh, fuigheall àrc-eòlais agus feartan tire nàdarra, agus iad uile a' cur ri luach na làraich. Taobh a-staigh crìochan gàrraidhean is fearann dealbhaichte, mu dh'fhaodte gun comharrach sinn togalaichean mar thogalaichean clàraichte no làraichean arc-eòlais mar charraighean clàraichte. Dh'fhaodte gun toir Dualchas Nàdair na h-Alba aithne do luach cuid a làraichean air adhbharan saidheansail no glèidheatcrais.



Gu h-àrd: An Necropolis, Glaschu © Àrainneachd Eachdraidheil Alba

Gu h-iosal: Caisteal agus barraidean gàrraidh Obar Dobhair, Fiobh © Àrainneachd Eachdraidheil Alba



A' measadh làraichean airson na liosta-chlàraidh

Nì sinn measadh air gach gàrradh is pìos fearainn dhealbhaichte fa leth a thaobh cho airidh 's a tha iad air inbhe-chomharrachte.

Tha an Aithris Poileasaidh aig Àrainneachd Eachdraidheil Alba a' mìneachadh nan slatan-tomhais a thèid a chleachdadheil airson na liosta-chlàraidh. Faicibh historicenvironment.scot/designation-policy.

Feumaidh an làrach a bhith cudromach gu nàiseanta mus tèid a chur ris an liosta.

Gus co-dhùnadh a bheil làrach cudromach gu nàiseanta, nì sinn measadh air na rudan a leanas:

- a luach mar obair-ealain ann fhèin
- luach eachdraidheil
- luach a thaobh gàrradaireachd
- luach a thaobh ailtearachd
- luach arc-eòlais
- luach mar shealladh brèagha
- luach a thaobh glèidhreachas nàdair.

Bidh sinn cuideachd a' measadh iomlanachd na làraich. Tha iomlanachd a' ghàrraidh no an fhearin dhealbhaichte a' ciallachadh cho slàn 's cho aonaichte 's a tha iad. Tha e a' gabhail a-steach mar a mhaireas feartan a tha cur ri luach nàiseanta a' ghàrraidh no an fhearin. Chan eil an liosta-chlàraidh ann gus aithne a thoirt do chruthan-tìre cailte.

Airson gach slat-tomhais, tha an luach ga thomhas a rèir diofar ìrean bho 'luach air leth mòr' gu 'gun luach idir'. Gu h-àbhaisteach, mar as mothà de shlatan-tomhais a tha air an tomhas le luach mòr no air leth mòr, 's ann as buailtiche a tha e gun tèid làrach a chur ris an liosta. Ge-tà, uaireannan tha gàrradh no fearann dealbhaichte cho cudromach a thaobh dìreach aon slat-tomhais is gun urrainnear a chomharrachadh mar àite cudromach gu nàiseanta ri linn sin a mhàin.

Ged as ann air sàilleibh fhluàraichean dathte is lionmhor a dh'fhaodadh gàrradh cliù a chosnadha dha fhèin, tha na flùraichean sin air aon de na rudan as giorra a mhaireas ann an cruth na tire air feadh na bliadhna. Nuair a tha sinn a' measadh làrach, mar as trice bidh sinn a' beachdachadh air feartan nas buaine. Am measg nam feartan sin gu h-àbhaisteach tha, structaran togte, lusan air an cur (a' gabhail a-steach craobhan a bhios beò 100 bliadhna no barrachd), raon fosgailte, fianais gun deach ùir a ghluasad (mar eisimpleir, barraidean gàrraidh), uisge air a stiùireadh, fuigheall arc-eòlais agus feartan nàdarra san tir. Dh'fhaodadh na nithean sin uile cur ri luach iomlan na làraich.

Molaidhean clàraighean is ath-sgrùdaidhean

Faodaidh neach sam bith iarraidh oirnn làrach no àite a chlàradh no iarraidh oirnn ath-sgrùdadadh a dhèanamh air clàradh a th' ann mar-thà.

Faodaidh sibh gin sam bith de na rudan sin a dhèanamh le bhith a' lionadh an fhoirm-iarrtais againn. Gheibhear am foirm air an làraich-lìn againn aig historicenvironment.scot/designation-application no faodaidh sinn fear a chur thugaibh sa phost.

Aon uair 's gum faigh sinn am foirm agaibh, nì sinn rannsachadh air an iarrtas agaibh agus co-dhùnaidh sinn dè an dòigh as fheàrr gus dèiligeadh ris. Ann an cuid a shuidheachaidhean, dh'fhaodte nach tèid sinn air adhart le iarrtas. Ma cho-dhùineas sinn gun a dhol air adhart, leigidh sinn fios thugaibh cho luath 's a ghabhas.

Gheibhear fiosrachadh nas mionaidiche air mar a bhios sinn a' measadh làraichean agus àiteachean, a' gabhail a-steach nan slatan-tomhais agus stiùireadh againn anns a' phoileasaidh clàraighean againn aig historicenvironment.scot/designation-policy.

Bidh na measaidhean againn mar as trice a' gabhail a-steach rannsachadh, agus a bhith a' taghadh dè an inbhe clàraighean dualchais as fhreagarrache airson na làraich a mhol sibh (faic taobh-duilleig 14 airson fiosrachadh mu na h-inbhean dualchais againn uile). Tha teansa ann gun tadhair sinn air an làrach cuideachd.

Ma tha sinn den bheachd gu bheil an làrach no àite a rèir nan slatan-tomhais airson clàraighean, foillsichidh sinn aithisg air a' phortal air-loidhne againn aig portal.historicenvironment.scot, le fiosrachadh mun cho-dhùnadh a tha sinn a' moladh. 'S e aithisg làimhseachaidh a chanar ri seo agus mar as trice bidh measadh air an làraich no àite na lùib.

Mar as trice nì sinn conaltradh leis an fheadhainn air an toir seo buaidh dhìreach, a' gabhail a-steach sealbhadaidh, neach-còmhnaidh no neach-gabhail cho math ris an ùghdarris dealbhaidh, mus ainmich sinn làrach no mus atharraich sinn sònachadh. Mar as trice, bidh sinn a' cur fàilte air beachdan bho dhaoine no bhuidhnean aig a bheil ùidh sa chùis tron làraich-lìn againn.

Bidh sinn a' leantainn an aon phròiseas airson a bhith a' toirt air falbh clàraighean a th' ann mar-thà.

Bidh sinn a' foillseachadh a' cho-dhùnaidh mu dheireadh againn agus an aithris làimhseachaidh mu dheireadh againn air a' phortal air-loidhne againn. Faicibh an làrach-lìn againn airson barrachd fiosrachaidh mu na h-inbhean seirbheis agus na clàraighean-ama againn airson molaidhean clàraighean.

Ma tha thu nad shealbhadaidh no neach-còmhnaidh air an làraich, an dàrna cuid air an làraich air fad no air pàirt dhith, nì sinn oidhirpean reusanta gus innse dhuibh an deach a clàradh no an deach an clàradh atharrachadh. Tha an aon rud fior mu bhith a' toirt àite far na liosta-clàraighean.

Innsidh sinn dhan ùghdarris planaidh mu na h-atharraichean seo cuideachd.



Gu h-àrd: Fear de dharaich àrsaidd Cadzow, Chatelherault, Siorrachd Lannraig a Deas © Àrainneachd Eachdraidheil Alba

An liosta-chlàraidh

Tha clàr air an liosta-chlàraidh airson gach gàrraidh is pìos fearainn dhealbhaichte. Sa chlàr sin tha fiosrachadh sgrìobhte agus mapa a sheallas crìochan nan làrach-chlàraichte.

'S e a tha fa-near do na clàran daoine a chuideachadh le bhith tuigsinn Carson a tha gàrradh no fearann dealbhaichte cudromach gu nàiseanta. Mar as trice, bidh dealbhan an cois a' chlàir.

Faodaidh sibh na clàran a rannsachadh air-loidhne air an làraich-lìn againn portal.historicenvironment.scot.

Tha clàran air an liosta-chlàraidh stèidhichte air fiosrachadh a chaighd a chruinneachadh nuair a thadhail sinn air an làrach agus nuair a rinn sinn rannsachadh air. Am measg an phiosrachaide a dh'fhaodadh a bhith ann mu làrach tha mapaichean eachdraidheil, clàran-fiosrachaide na h-oighreachd, dealbhan-camara, dealbhachaidhean is planaichean, agus stuthan eile mar leabhraichean, clàran staitistigeil agus artaigilean bho irisean.

Tha tiotalan ann airson gach clàr le fiosrachadh a tha gabhail a-steach gearr-chunntas air Carson a tha an làrach cudromach, fiosrachadh mu far a bheil i agus a suidheachadh, eachdraidh na làraich, agus fiosrachadh mu dhiofar fheartan den làrach, leithid feartan ailtearachd, talamh pàirce, coilltean, no feartan uisge. Dh'fhaodadh nach bi clàran nas sine cho mionaideach ri clàran nas ùire.

A' comharrachadh chrìochan

Tha crìochan comharrachte ann airson gach gàrradh is pìos fearainn dhealbhaichte air an liosta-chlàraidh a' sealltainn cho mòr 's a tha an làrach a chaighd a chomharrachadh.

Bidh sinn a' dèanamh feum de sgrìobhainnean is mapaichean eachdraidheil, agus fianais a chruinnich sinn nuair a thadhail sinn air an làrach, gus na crìochan a chomharrachadh, gu h-àraidh a thaobh phoileasaidhean nan taighean-mòra air an dùthaich far am bi uaireannan gàrraidhean dealbhaichte a-staigh a tha comharrachte agus pàircean taobh a-staigh oighreachd àiteachais gu math nas mothà.

Uaireannan, bidh nithean mar bhallaichan no geataichean a' phoileasaidh a' sealltainn gu soilleir far an gabh crìochan a chomharrachadh. Ann an suidheachaidhean eile, chan eil e cho soilleir, agus bidh sinn a' cleachdadhar sgilean proifeiseanta gus na crìochan as ciallaiche a chomharrachadh.

Cha bhi cò leis an tha am fearann a' toirt buaidh air mar a chomharracheas sinn na crìochan.

A' fuireach is ag obair ann an gàrradh no air fearann dealbhaichte a th' air an liosta-chlàraidh

Nuair a tha gàrradh no fearann dealbhaichte air an liosta-chlàraidh, chan eil sin a' ciallachadh nach fhaodar atharraichean a dhèanamh orra.

Tha nàdar a h-uile gàrraidh is pìos fearainn dhealbhaichte a' ciallachadh gum bi iad a' sìor atharrachadh. Chan urrainn dhaibh fuireach mar a tha iad, mar chloich mar gum biodh, oir tha atharraichean gu tric a dhìth orra.

Ged a tha fearann air an liosta-chlàraidh, chan eil sin a' ciallachadh gum feum an neach leis a bheil e am fearann aca fhosgladh don phoball. Tha tòrr làraichean fo shealbh priobhaideach air an liosta-chlàraidh far nach eil aonta inntrigidh foirmeil ann. Gheibhear barrachd fiosrachaидh mu chòraichean-slighe ann an Còd Slighean Dùthchail na h-Alba agus gheibhear barrachd fiosrachaيدh mu chòraichean inntrigidh aig outdooraccess-scotland.scot.

Chan fheumar beachdan iarraidh bhon ùghdarris-phlanaidh no bhuanne airson obair mar:

- obair-ghleidhidh làitheil
- a' cur lusan/chraobhan msaa
- a' toirt às lusan/craobhan a chaidh a chur
- ath-dhealbhachadh nach eil feumach air cead-dealbhachaidh, no
- atharraichean air cruth na tire nach eil feumach air cead-dealbhachaidh.

Faodaidh buaidh a bhith aig inbhe-chomharraichte air cùisean ma bhios làrach air an liosta-chlàraidh agus gu bheil leasachadh a thathar a' moladh feumach air cead-dealbhachaidh. Tha an seòrsa leasachaيدh sin air a mhìneachadh ann an Riaghailtean Dealbhachaidh Dùthchail is nam Bailtean (Modhan-rian airson Leasachaيدh) (Alba) 2013 mar leasachadh a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air gàrradh eachdraidheil no fearann dealbhaichte.

Ma sibh airson atharrachadh a dhèanamh a tha feumach air cead-dealbhachaidh, feumaيدh sibh sa chiad dol a-mach fios a chur chun an ùghdarris-phlanaidh agaibh ag iarraidh stiùireadh. Ma tha na planaichean agaibh a' toirt buaidh air togalach clàraichte no carragh chlàraichte, faodaidh iad comhairle a thoirt dhuibh cuideachd mu cheadan eile a dh'fhaodadh a bhith a dhìth oirbh.

Nuair a bhios cead-dealbhachaidh a dhìth air leasachadh, iarraidh an roinn-dhealbhachaidh aig an ùghdarris ionadail oirnne beachdan a thoirt seachad air na thathar a' moladh. Tha e mar dhleastanas oirnn comhairle is eòlas fiosrach a thoirt dhaibh.

Bheir an t-ùghdarris-planaidh cead-dealbhachaид seachad agus 's ann an urra riuthasan a tha an co-dhùnadh. Tha e cuideachd an urra riutha dèiligeadh ri òrduighean gleidheadh chraobhan (OGCan). Airson comhairle mun buaidh a th' aig inbhean-comharrachte airson dualchas nàdair, mar Ionadan de Shuim Shònraichte Shaidheansail (ISSS), cuiribh fios gu Dualchas Nàdair na h-Alba aig [nature.scot](#).

Cuideachd, dh'fhaodadh gun iarr Coimisean na Coilltearachd Alba oirnn beachdan a thoirt seachad air cùisean co-cheangailte ri bhith a' cumail rian air coilltean a bheir buaidh air làraichean air an liosta-chlàraigdh, mar a' leagail chraobhan anna.

Tha sinn toilichte comhairle is stiùireadh a thoirt seachad air leasachaidhean a bheir buaidh air làraichean air an liosta-chlàraigdh, agus gheibh sibh tuilleadh fiosrachaidh mun sin air an làraich-lìn againn.

Gu h-iosal: Loch Fhìobhaidh, Caisteal Fhìobhaidh, Siorrachd Obar Dheathain © Àrainneachd Eachdraidheil Alba



Dleastanasan nan sealbhadairean

'S ann an urra ris na daoine leis a bheil na gàrraidhean no am fearann dealbhaichte air an liosta-chlàraig, no a tha a' fuireach anna, obair chunbhalach a dhèanamh gus an gleidheadh.

Tha tàrr dhùbhlain ro na daoine aig a bheil sealbh air na gàrraidhean is am fearann dealbhaichte as fheàrr ann an Alba, eadar atharrachadh na gnàth-side agus a' cumail rian air an làraich air fad agus a' dèiligeadh ri duilgheadasan sònraichte mar eisimpleir a' gleidheadh structaran togte, gnèithean ainmhidh is planntrais a nì milleadh, no galaran craobhe no planntrais.

Tha sinn a' cur fàilte air dòighean-obrach cuimsichte is cuideachail gus rian a chumail air gàrraidhean is fearann dealbhaichte agus air planaichean nas iomlaine gus rian a chumail air làraichean an-dràsta agus san àm ri teachd.

Tha sinn a' brosnachadh shealbhadairean gus comhairle phroifeiseanta fhaighinn air cùisean co-cheangailte ri bhith cumail rian air cruth na tire agus gus fuasglaidhean a lorg a tha freagairt air nàdar a' ghàrraidh no an fhearainn dhealbhaichte aca.

Gu h-iosal: Caisteal Balfour, Arcaibh © Iain Sarjeant, Scottish Viewpoint



Inbhean dualchais eile

Tha e cuideachd an urra rinne stòrais dhualchais eile a chomharrachadh, a' gabail a-steach togalaichean clàraichte, carraighean clàraichte agus raointean nam blàran eachdraidheil.

Bidh sinn cuideachd a' toirt comhairle do Riaghaltas na h-Alba a thaobh a bhith a' comharrachadh raointean mara tèarainte eachdraidheil. Tha barrachd fiosrachaидh mun deidhinn air an làraich-lìn againn.

Tha còrr is 600 raon glèidheteachais ann an Alba a tha air an comharrachadh le ùghdarrasan-planaidh. Feumaidh ùghdarrasan-planaidh co-dhùnadadh a dhèanamh feuch dè na pàirtean den sgìre aca a tha cudromach a thaobh ailtearachd no eachdraidh, agus faodaidh iad an comharrachadh an uair sin mar raointean glèidheteachais. Mar as trice, thèid beachdan a' phobaill a shireadh mu mholadh sam bith gus raon glèidheteachais a stèidheachadh no gus crìochan fear atharrachadh.

Thèid Làraichean Dualchais na Cruinne a chlàradh le UNESCO (Buidheann nan Dùthchannan Aonaichte airson Foghlaim, Saidheans is Cultair) mar àiteachan sa bheil luach air leth don chruinne air fad a thaobh cultair no dualchas nàdair. whc.unesco.org.

Tha sia Làraichean Dualchais na Cruinne ann an Alba an-dràsta. Gheibhear fiosrachadh orra sin air an làraich-lìn againn historicenvironment.scot/world-heritage-sites.

A' lorg fiosrachadh air làraichean air an liosta-chlàraidh, agus inbhean-comharrachite eile agus ar co-dhùnaidhean
inbhean dualchais eile agus na co-dhùnaidhean againn

Faodaidh sibh prìomh-fhaclan no am mapa a chleachdad gus lorg fhaighinn air na làraichean uile air an liosta-chlàraidh againn air a' phortal air-loidhne againn aig portal.historicenvironment.scot. Gheibhear fiosrachadh mu na co-dhùnaidhean clàraidh againn an sin cuideachd. Mura bheil sibh cinnteach fhathast a bheil gus nach eil làrach air an liosta-chlàraidh, faodaidh sibh post-d no fòn a chur thugainn. Gheibh sibh fiosrachadh conaltraidh air ar son aig deireadh an leabhrain seo.

Cuideachd, gheibhear cothrom nithean a rannsachadh air mapa air an làraich-lìn aig 'Scotland's Environment', agus gheibhear tuilleadh fiosrachaيدh àrainneachdail an sin, mu rudan mar chriochan nan sgìrean glèidheteachais environment.gov.scot.

Fiosrachadh a bharrachd

Tha tuilleadh fiosrachaidh ri fhaicinn mu ghàrraidhean is fearann dealbhaichte air an làraich-lìn againn.

Comhairle air molaidhean leasachaideh is a bhith gabail cùram de chruth na tire

Ma tha cead-dealbhachaidh a dhìth oirbh airson na tha sibh a' moladh, cuiribh fios chun an ùghdarrais-phlanaidh agaibh.

Bheir sinn comhairle seachad cuideachd mu bhith gabail cùram den fhearann agaibh. Gheibhearr tuilleadh fiosrachaidh mun sin air an làraich-lìn againn, le Notaichean-stiùiridh airson a bhith Cumail Rian air Atharraichean. Faicibh [historicenvironment.scot/managing-change-guidance-notes](#).

Faodaidh sibh cuideachd fònadhl thugainn air 0131 668 8716.

Tabhartasan

Tha grunn diofar thabhartasan agus sgeamaichean maoineachaideh aig Àrainneachd Eachdraidheil Alba. Faodaidh daoine fa leth agus buidhnean iarrtas a dhèanamh airson taic ionmhasail le pròiseactan agus obair a bheir deagh bhuaidh air an àrainneachd eachdraidheil. Airson barrachd fiosrachaidh mu na tabhartasan againn, faicibh an làraich-lìn againn aig [historicenvironment.scot/grants-and-funding](#).

Còd Slighean Dùthchail na h-Alba

Airson fiosrachadh mu chòraichean-slighe is dleastanasan a thaobh a' bhlàir a-muigh ann an Alba, faicibh Còd Slighean Dùthchail na h-Alba. [outdooraccess-scotland.com](#).

Taic Planaidh Alba

Bidh Taic Planaidh Alba a' toirt comhairle seachad air planadh agus am pròiseas planaidh. [pas.org.uk](#)

Dualchas Nàdair na h-Alba

'S e as adhbhar do Dhualchas Nàdair na h-Alba, ar dualchas nàdair a chur air adhart, a leasachadh agus cùram a ghabhail dheth. [nature.scot](#)

Coilltearachd na h-Alba

Is e Coilltearachd na h-Alba a' bhuidheann aig Riaghaltas na h-Alba a tha an urra ri poileasaidh, taic agus riaghlaigh na coilltearachd ann an Alba. [forestry.gov.scot](#).

Dualchas Ghàrraidhean is Fearann Dealbhaichte na h-Alba

Tha Dualchas Ghàrraidhean is Fearann Dealbhaichte na h-Alba a' brosnachadh dhaoine gu bhith a' dòn is a' sgrùdadh phàircean, ghàrraidhean is fearann dealbhaichte eachdraidheil. [sglh.org](#)

Laghan is poileasaidhean buntainneach

Achd nan Carraighean Àrsaidh is Sgìrean Arc-eòlais 1979.

[legislation.gov.uk/ukpga/1979/46](https://www.legislation.gov.uk/ukpga/1979/46)

Poileasaidh Àrainneachd Eachdraidheil airson Alba historicenvironment.scot/heps

Na foillseachaidhean againn

Tha farsaingeachd de dh'fhoillseachaidhean againn a tha rim faicinn aig historicenvironment.scot/publications.

Molaidhean agus gearanan

Tha sinn a' cur fàilte air beachdan mun liosta-chlàraidh. Feuch gun leig sibh fhaicinn dhuinn dè ur beachd oirre le bhith cur post-d gu designations@hes.scot

Tha sinn air a chur romhainn seirbheis sàr mhath a thoirt seachad Tha sinn a' cur luach anns gach gearan a gheibh sinn agus cleachdaidh sinn am fiosrachadh a gheibhear tromhpa gus na seirbheisean againn a leasachadh. Ma thèid rudeigin ceàrr no mura h-eil sibh toilichte le ar seirbheisean, feuch gun inns sibh dhuinn.

Oifigear Ghearanan

Àrainneachd Eachdraidheil Alba Taigh Longmore

Plàs Salisbury Dùn Èideann

EH9 1SH

Fòn: 0131 668 8600

Post-d: complaints@hes.scot

Gheibhear barrachd fiosrachaидh mu dhòigh-obrach nan gearanan air an làrach-lìn againn aig historicenvironment.scot/complaints.

© Àrainneachd Eachdraidheil Alba 2019

Faodaidh sibh am fiosrachadh seo (gun suaicheantasan is dealbhan) ath-chleachdadha saor is an-asgaidh ann an cruth no meadhan sam bith fo theirmichean Cead Fosgailte an Riaghaltais v3.0 ach a-mhàin ma thèid an caochladh a ràdh.

Gus an cead seo fhaicinn, faicibh <http://nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3/> no sgrìobhaibh gu Sgioba Poileasaidh an Phiosrachaidh, Na Clàraighean Nàiseanta, Kew, Lunnaid TW9 4DU, no cuiribh post-d gu: psi@nationalarchives.gov.uk

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh tu cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil an còir-lethbhreac sin.

Tha Àrainneachd Eachdraidheil Alba na Buidheann Phoblach Neo-roinneil (NDPB) agus na Buidheann-charthannais Albannach chlàraichte (SC045925). 'S e aon de na dleastanasan againn a bhith cumail liosta-chlàraidh de ghàrraidhean is fearann dealbhaichte

Tha an leabhran seo a' mìneachadh na tha clàradh thoglaichean a' ciallachadh do dhaoine le togalach-clàraichte, is ciamar a bhios sinn a' measadh thoglaichean gus an clàradh. Tha e ri fhaighinn sa Bheurla cuideachd mar Scotland's Inventory of Gardens and Designed Landscapes.

Bu chòir ceist sam bith mun sgrìobhainn seo a chur thugainn aig:

Àrainneachd Eachdraidheil Alba
Taigh Longmore
Plàs Salisbury
Dùn Èideann EH9 1SH

Fòn: +44 (0) 131 668 8600

Làrach-lìn: www.historicenvironment.scot

'S urrainn dhuibh am foillseachadh seo a luchdad a-nuas bhon làraich-lìn againn aig

www.historicenvironment.scot

Àrainneachd Eachdraidheil Alba
Clàraighean Taigh Longmore
Plàs Salisbury
Dùn Èideann
EH9 1SH

Fòn: 0131 668 8914

Email: designations@hes.scot

Làrach-lìn: www.historicenvironment.scot

Ceann-latha foillseachaidh: 2019